



Tìotal: Meadhanan sòisealta agus cultar mòr-chòrdte

Pàirt 1: Càit am bi sinn a’ dol air-loidhne?

Ìre: DÀRNA

Ceanglan CfE

Tha na gnìomhan air goireas nàiseanta RSHP a’ toirt stiùireadh a thaobh nan Eòlasan/Builean agus na slatan-tomhais a tha a’ buntainn ri RSHP – ga fhàgail aig an tidsear/neach-foghlaim ceanglan a dhèanamh ri raointean curraicealaim eile. Airson a’ chuspair seo ge-tà tha ceanglan soilleir ann gu Teicneòlasan, agus mar sin tha na h-Eòlasan agus na Builean iomchaidh cuideachd air an comharrachadh.

Eòlasan agus Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a’ tuigsinn gu bheil raon farsaing ann de sheòrsaichean càirdeis is dàimh. HWB 2-44a</p> <p>Tha fios agam gu bheil gach seòrsa de dhroch-dhìol ceàrr, agus tha mi a’ toirt air adhart sgilean airson mi fhìn a chumail sàbhailte agus cuideachadh fhaighinn ma dh’fheumas mi. HWB 2-49a</p> <p>Tha mi mothachail air gum feumar spèis a thoirt do shaorsa agus do chrìochan pearsanta dhaoine agus ‘s urrainn dhomh aithneachadh agus freagairt nan rudan a tha daoine a’ cur an cèill tro chainnt agus ann an dòighean eile seach cainnt. HWB 2-45b</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Ag aithneachadh diofar sheòrsaichean dhàimhean • Ag aithneachadh burraidheachd agus droch-dhìol, me air-loidhne, agaidh ri aghaidh agus eòlach air càit an tèid iad airson cuideachadh. • A’ mìneachadh an còraichean agus an dleasan fhèin a thaobh droch-dhìol.

Eòlasan agus Builean	Slatan-tomhais
<p>Is urrainn dhomh sgrùdadh coimhearsnachdan air-loidhne a’ nochdadh tuigse air dòigh-giùlain didseatach ciallach agus tha mi mothachail air an dòigh anns an cùm mi mi fhèin sàbhailte is tèarainte. TCH 2-03a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • A’ sealltainn tuigse air an fhiosrachadh a bu chòir dhaibh a chur ann am pròfaidhl air-loidhne. • A’ deasbad cho cudromach ‘s a tha e a bhith nad shaoranach didseatach cunntasach, le eisimpleirean de ghiùlan agus gnìomhan freagarrach. • Ag aithneachadh dhòighean freagarrach airson innse mu dhraghan/iomagain sam bith. • A’ cleachdadh fhaclan-faire làidir. • A’ tuigsinn riaghailtean laghail co-cheangailte ri giùlan mì-laghail no mì-iomchaidh air-loidhne, mar eisimpleir sgaoileadh dhealbhan mì-iomchaidh.

Amasan Ionnsachaidh

- Gum faic clann an t-eadar-lìon mar rud deimhinneach a tha spòrsail agus a tha na chuideachadh dhan ionnsachadh aca.
- Gum meòraich clann air an giùlan air-loidhne.
- Gun aithnich clann cunnartan a dh’fhaodas a bhith no a tha timcheall air-loidhne.
- Gun ionnsaich clann dòighean sireadh taic.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na bhios mi a' deanamh 'air-loidhne'.
- Tha mi a' tuigsinn gum feum mi planaichean airson a bhith sàbhailte nuair a tha mi air-loidhne.
- Tha mi ag aithneachadh cò na h-inbhich sa bheil earbsa agam agus cò chuidicheas ma tha iomagain orm.

Goireasan-taic

- Slaighdean "PowerPoint
- Prop Suirbhidh Clas

NÒT: Nuair a tha sibh a' planadh na h-obrach seo, coimheadaibh cuideachd air an obair aig deireadh part 2. Tha cothroman an seo airson leantainn oirbh leis an ionnsachadh agus leudachadh tron teirm/bhliadhna air na cùisean cudromach seo.

Obair

1. Inns gu bheil sibh gu bhith a' coimhead air na bhios clann a' dèanamh air-loidhne san leasan seo. Inns gum bi clann eadar-dhealaichte a' dèanamh diofar rudan air-loidhne, agus gur dòcha nach eil cothrom aig cuid den chloinn air fònaichean no tablaidean aig an taigh. Tha sin ceart gu leòr oir tha diofar bheachdan aig clann agus teaghlacha eile mu chlann a bhith air-loidhne. Inns gum bi a' chlann air-loidhne san sgoil, agus a' dèanamh barrachd 's barrachd leotha fhèin mar a tha sinn a' dol air adhart. Mar sin tha an leasan seo mu bhith ag ionnsachadh dhan chloinn mar as fheàrr a nì iad feum dhen eadar-lìon an-dràsta agus san àm ri teachd.
2. **Suirbhidh Clas.** Inns dhan chloinn mun t-suirbhidh clas. Faodaidh a' chlann obrachadh nan dithisean ma tha sin na chuideachadh, a' dèanamh agallamh agus a' còmhradh. ('S dòcha gum biodh e cuideachail an suirbhidh a thoirt dhaibh airson a thoirt dhachaigh ro-làimh – chan ann airson a chrìochnachadh, ach airson meòrachadh air agus bruidhinn air san dachaigh). Mìnich abairtean ùra sam bith dhaibh, me, cuir tiog ri taobh na tha freagarrach dhutsa. Iarr air a' chloinn coimeas a dhèanamh eadar na freagairtean aca le caraid.
3. **Cruinnich a' chlann air ais còmhla, leis na slaighdean aca deiseil agus cleachd na slaighdean a leanas airson cuideachadh le bhith a' dèanamh coimeas agus còmhradh.** Inns dhan chloinn gun deach suirbhidh nàiseanta de chlann eadar aoisean 8 agus 11 a dhèanamh agus gu bheil seo a' toirt cothrom dhuibh coimeas a dhèanamh ri clann eile de na h-aoisean sin. (Nòt: Tha am fiosrachadh air a thoirt mar cheudachdan de fhreagairtean. 'S dòcha gun tuig cuid dhen chloinn seo agus gum freagair e air obair àireamhachd a tha iad a' dhèanamh. Tha na freagairtean ann an òrdugh bhon fheadhainn as àirde chun an fheadhainn as ìsle. Cuir cuideam air an seo airson cuideachadh le tuigse).
4. **Ùine ga chosg air-loidhne.** Faighnich dhan chloinn mun ùine a bhios iad a' cur seachad air-loidhne – dèan sgrudadh air na tha eadar-dhealaichte, agus an uair sin coimhead air an dà shlaighd air a bheil am fiosrachadh nàiseanta airson coimeas a dhèanamh.

A rèir an t-suirbhidh mhòir nàiseanta, air latha-sgoile àbhaisteach bidh clann dhen aois agaibhse a' cur seachad:

- 1 uair 42 mionaidean a' coimhead an TBh
- 1 uair 36 mionaidean air-loidhne

- 1 uair 6 mionaidean a' cluich gheamannan

Air an deireadh-sheachdain bidh clann dhen aois agaibhse a' cur seachad barrachd ùine air-loidhne:

- Latha-sgoile 1 uair 36 mionaidean air-loidhne
- Disathairne no Didòmhnaich 2 uair 30 mionaid

5. **Nuair a bhios tu a' dol air-loidhne, dè na h-innealan a bhios tu a' cleachdadh?** Faighnich dhan chloinn dè a bhios iad a' cleachdadh – cuireadh iad suas an làmhnan airson na taghaidhean aca a shealltainn – meòraichibh air na diofar fhreagairtean, an uair sin cleachd an slaighd le dàta nàiseanta airson coimeas a dhèanamh. Fhad 's a tha sibh a' bruidhinn, meòraichibh air far am bi a' chlann nuair a tha iad a' cleachdadh nan innealan airson a dhol air-loidhne: A' gluasad timcheall? San sgoil? San rùm-suidhe no sa chidsin? San rùm-cadail aca? Can gum bi diofar riaghailtean aig cuid de chlann mu far am faod iad an t-eadar-lìon a chleachdadh. A bheil cuid de na riaghailtean teaghlaich sin mu dheidhinn fios a bhith aig pàrantan dè tha a' chlann ris air-loidhne agus mu bhith gan cumail sàbhailte.

Nuair a bhios tu a' dol air-loidhne, dè na h-innealan a bhios sibh a' cleachdadh? Thuirt an suirbhidh mòr:

- Tablaid/iPad 57%
- Coimpiutair glùine 55%
- Fòn 35%
- Coimpiutair 20%
- Consoil Gheamannan 20%
- TBh 5%

6. **Am bi iad a' cruthachadh sìon air-loidhne?** A-rithist, faighnich dhan chloinn dè bhios iad a' dèanamh, gu h-àraid rud sam bith a bhios iad a' cruthachadh no a' dealbhachadh, mar eisimpleir a' dèanamh dealbh no bhidiothan. 'S dòcha gum faodadh iad còmhradh ri caraaid rin taobh agus fios a thoirt air ais. Iarr orra an làmhnan a chur suas airson sealltainn na tha a' còrdadh riutha. Seall an dàta nàiseanta. Faighnich dhan chloinn: Nam biodh agad ri rud a tha a' còrdadh riut a bhith a' dèanamh a thaghadh, dè a bhiodh ann? Faighnich dhan chloinn ciamar a a dh'ionnsaich iad na rudan sin a dhèanamh? Am bi iad a' dèanamh sìon eile air-loidhne nach eil air an liosta seo?

Dè bhios tu a' dèanamh air-loidhne? Thuirt an suirbhidh mòr:

- A' dèanamh dhealbhan 40%
- A' dèanamh bhidiothan 32%
- A' deasachadh no ag atharrachadh dhealbhan: 31%
- A' cruthachadh avatar ann an gèam: 19%
- A' cruthachadh cartùn/beothachadh 12%
- A' cruthachadh bhidio ciùil 6%
- A' cruthachadh bloga 6%

7. **'S e YouTube an làrach-lìn no an app as fheàrr le clann dhen aois agaibhse. Cò agaibh sa chlas a bhios a' cleachdadh YouTube?** Bruidhinn ris a' chloinn mu na bhios iad a' dèanamh le YouTube?

Dh'fhaodadh tu faighneachd dhaibh: Am bi sibh a' dèanamh bhidiothan? Dè tha a' còrdadh ribh mu YouTube? A bheil sion nach eil a' còrdadh ribh mu dheidhinn?

Thuir an suirbhidh mòr gum bi 73% de chlann eadar aoisean 8 agus 11 a' cleachdadh làrach-lìn no app YouTube airson:

- A' coimhead air bhidiothan èibhinn agus fealla-dhà/cleasan 67%
- A' coimhead air bhidiothan ciùil 61%
- A' coimhead stiùireadh gheamannan no daoine eile gan cluich 45%
- A' coimhead bhidiothan 'how to' agus leasanan tutorials 43%
- A' coimhead vloggers no YouTubers 36%
- A' coimhead phrògraman, filmichean no cartùnaichean 29%
- A' coimhead shanasan airson filmichean, earrannan à filmichean no piosan math 26%
- A' coimhead bhidiothan fosglaidh - unboxing 18%

8. **A' cluich gheamannan air-loidhne (Live streaming).** Faigh a-mach cia mheud dhen chloinn a bhios a' cluich gheamannan air-loidhne. Cleachd an slaighd agus feadhainn dhe na ceistean a leanas airson còmhradh a bhrosnachadh.

Tha cha mhòr 7 às gach 10 de chlann eadar aoisean 8 agus 11 ag ràdh gum bi iad a' geamaireachd air-loidhne

Tha geamaireachd air-loidhne a' ciallachadh gu bheil thu ceangailte ris an eadar-lìon, 's gu bheil cuid de gheamannan a' toirt cothrom dhut obrachadh còmhla ri, no cluich an aghaidh, daoine eile air-loidhne.

Dh'fhaodadh sibh na ceistean seo a chleachdadh airson còmhradh a bhrosnachadh: Am bi thu a' geamaireachd air-loidhne? Cò an gèam as fheàrr leat? Am bi thu uair sam bith a' cluich gheamannan còmhla ri daoine ris nach do thachair thu riamh? A bheil thu a' smaoinachadh gu bheil e ceart gu leòr bruidhinn ri cluicheadairean air-loidhne nach aithne dhut? Dè na rudan a dh'fhaodadh pàiste fhaicinn no a chluinntinn fhad 's a tha iad a' cluich air-loidhne a chuireadh dragh orra.

(Sa chòmhradh cuir cuideam air a' phuig seo: Tha e gu math cudromach gun tuig sibh gur e srainnsear a th' ann an caraid nach aithne dhuibh ach air-loidhne. Mar sin chan eil math dhuibh tachairt orra, dealbhan no bhidiothan a chur thuca, no fiosrachadh pearsanta sam bith a thoirt dhaibh.

Thoir sùil air an nòt aig deireadh a' phlana seo airson tuilleadh stuthan air sruthadh beò.

9. **Dè nach eil a' còrdadh riut mu bhith air-loidhne?**

Faighnich a' cheist agus iarr air a' chloinn mionaid no dhà a chur seachad còmhla ri caraid a' smaoinachadh air freagairtean. Dh'fhaodadh iad suas ri còig rudan a chunntadh air an làimh. Cha robh seo na phàirt dhen t-suirbhidh clas (bhon a dh'fhaodadh cùisean a bhith dìomhair no nan cùis iomagain) ach dh'fhaighnich an suirbhidh nàiseanta seo do chlann eadar aoisean 8 agus 11. Mus cluinn sinn na freagairtean sin, dè chanadh clann an seo? Seall an ath 2 shlaighd – chan eil ceudadan ann. Làimhsich e mar chuspair a cheart cho cudromach. Dèan coimeas eadar freagairtean na cloinne mar a tha sibh a' dol air adhart.

- **Dè nach eil a' còrdadh riut mu bhith air-loidhne? Thuir clann eadar aoisean 8 agus 11 na leanas:**

- Nuair a tha cuideam ga chur orm rudan a cheannach air-loidhne no ann an apps
- Nuair a tha cuideigin suarach, mosach no mì-choibhneil
- Nuair a chì mi rudan a tha gam fhàgail brònach, fo iomagain no a tha gam nàrachadh
- Nuair a bhios mi a' cur seachad cus ùine air-loidhne
- Nuair a tha dragh orm mu shrainnsearan a' faighinn cus fiosrachaidh no a' leigeil orra gur e pàiste a th' annta
- Nuair a tha tuilleadh 's a chòir shanasan ann
- Nuair a tha làrach-lìn air a casg .

10. A thaobh a bhith a' faicinn rudan suarach no mì-choibhneil, inns gum bi sinn a' tilleadh thuige sin san ath leasain, ach gabh mionaid gus iarraidh air a' chloinn smaoinichadh air cuideigin ris am bruidhinn iad ma tha iad troimh-a-chèile no fo iomagain mu rud a chunnaic iad air-loidhne - cuir nan cuimhne gum faod iad bruidhinn riutsa.

11. **Slaighd a bharrachd/còmhradh/Pòrn:** Tha an slaighd seo a' toirt cothrom dhuibh bruidhinn mu phòrn ma tha seo freagarrach dhan chlas agaibh. Thathar a' tuigsinn gum bi co-dhiù an treas cuid den chloinn air pòrn fhaicinn ro dheireadh P7. Tha an slaighd seo ann airson mìneachadh a thoirt air dè th' ann am pòrn agus airson clann a bhrosnachadh gus bruidhinn ri inbheach earbsach. Seall an slaighd agus dèan cinnteach à tuigse.

'S e ainm eile airson Pòrnografaidh a th' ann am 'pòrn'.

'S e dealbh, ìomhaigh, film no faclan mu fheise a th' ann am pòrn.

Faodaidh pòrn pàirtean bodhaig feiseil dhaoine no daoine a tha ri feise a shealltainn.

Faodaidh pòrn daoine fhàgail troimh-a-chèile oir 's gum bi e a' sealltainn dhaoine gan goirteachadh no a' fulang droch-dhiol.

Tha e ceàrr do dh'inbheach no do neach òg eile pòrn a shealltainn dhut.

Ma chì thu rud nach eil thu a' tuigsinn no a tha gad fhàgail troimh-a-chèile, tha e na chuideachadh innse do inbheach earbsach.

12. **A' crìochnachadh** Thoir taing dhan chloinn airson na chuir iad ris a' chlas. Theirig thairis air na rudan eadar-dhealaichte a tha a' còrdadh ri clann mu bhith air-loidhne. Inns gu bheil an ath leasan mu bhith glic. Mar a bhios spòrs aca agus mar a chumas iad iad fhèin sàbhailte.

Beachdan eile

- 'S dòcha gum bi ùidh aig a' chloinn sna ceistean seo: tha fiosrachadh agus filmichean goirid air an duilleig Bitesize seo a bhios freagarrach do chlann aig an aois seo. **What is the world wide web?** <http://www.bbc.co.uk/guides/z2nbgk7> **How does the internet work?** <https://www.bbc.com/bitesize/articles/z3tbgk7>
- Bidh an suirbhidh clas freagarrach airson obair àireamhachd agus a' dèanamh taisbeanadh dhen fiosrachadh - 's dòcha ga chur dhachaigh no ga shealltainn do chlasaichean eile.
- 'S e buidheann neo-phrothaid a th' ann an Childnet International <https://www.childnet.com/> a tha ag obair còmhla ri daoine eile gus an t-eadar-lìon a dhèanamh feumail agus sàbhailte do chlann. Tha goireasan agus fiosrachadh air an làrach do phàrantan agus luchd-cùraim.
- Tha na staitistigean nàiseanta san leasan seo air an tarraing bho shuirbhidh le Ofcom agus Childnet.

Ceangal ris an dachaigh

Faodaidh sibh an teacsa a chleachdadh airson post-dealain/brath a chur dhachaigh gu pàrantan/luchd-cùraim mu na leasain seo:

Tha a' chlann a' bruidhinn mu bhith ag ionnsachadh na bhios iad a' dèanamh air-loidhne. Bidh sinn a' smaoineachadh mu na rudan feumail agus spòrsail mun eadar-lìon agus a' cuideachadh na cloinne gus smaoineachadh air nas urrainn dhaibh a dhèanamh airson a bhith sàbhailte agus toilichte air-loidhne. Tha fios gum bi a' chlann a' cur seachad a' mhòr-chuid dhen ùine a bhios iad air-loidhne aig an dachaigh. Seo dhuibh a dhà de mhòran ghoireasan fiosrachaidh agus taic do phàrantan agus luchd-cùraim 's sibh a' toirt stiùireadh dhan phàiste agaibh mu bhith a' cleachadh an eadar-lìn:

Childnet International Fiosrachadh do phàrantan agus luchd-cùraim mu bhith a' cumail am pàiste sàbhailte air-loidhne <https://www.childnet.com/parents-and-carers>

Protecting your child in the digital world (Ofcom) <https://www.ofcom.org.uk/tv-radio-and-on-demand/advice-for-consumers/television/protecting-children/advice-guides-for-parents/protecting-your-children-in-a-digital-world>

A bheil sibh a' tuigsinn mar a tha *parental controls* ag obair? Ma chleachdas sibh *parental controls*, 's urrainn dhuibh a bhith cinnteach nach fhaic a' chlann stuthan mì-fhreagarrach. Tha tuilleadh fiosrachaidh an seo: <https://www.childnet.com/resources/parental-controls>

Tha goireasan eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- Glic air-loidhne

Nòtaichean Tidseir

